NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2019 | 3 | AN T-SULTAIN

Facal Toisich

Ged a bhios sibh a' leughadh na h-àireimh seo de Na Duilleagan Gàidhlig anns an Fhoghair, tha sinn air a bhith ag obair oirre san Iuchar. 'S e samhradh trang a tha air a bhith aig an dithis againn eadar seo agus sin, agus abair gur e tlachd a bh' ann nuair a fhuair sinn cothrom a bhith aig fois fad greis. Bha mi fhìn (Donnchadh) nam shuidhe air an tràigh ann an Lios Mòr aig toiseach an Iuchair, agus abair gun robh am muir ciùin – cha mhòr gun tonn idir air, agus an t-uisge cho soilleir agus glan gun robh an t-iasg agus na muir-tèachdan agus fiù 's aon easgann rim faicinn nan snàmh gun dragh sam bith orra. 'S e beannachadh a bh' ann dìreach a bhith ann air an latha ud. Thug e gu mo chuimhne an dàn a rinn an t-Urr. Ruairidh MacDhòmhnall (a bhuineadh do Loch Euphort ann an Uibhist a Tuath, ach a bha na mhinistear ann an Steòrnabhagh agus An Innis ann an Siorrachd Obar Dheathain), anns an tuirt e:

Feumaidh gach nì beò a Shàbaid
Chan eil bith ann
Air nach tig sgìos is fannachadh
Ge cruaidh a nàdur.

Is e an Samhradh Sàbaid a' chuain…

Tha sinn an dòchas gun d'fhuair sibh fhèin beagan fois, ged a b' ann aig an taigh no air an tràigh a bha e.

Anns Na Duilleagan Gàidhlig an triop seo, gheibhear sgeulachd bho Cheann a Tuath na Comraich, a chuir an t-Urr. Coinneach Dòmhnallach thugainn (tha sinn daonann toilichte sgeulachdan, bàrdachd, naidheachdan is eile bhuaibh, a luchd-leughaidh!), aithris air obair na h-Eaglaise ann an Sàimbia, dàn cumhachdach air gràdh Dhè agus colbh mu Bhaile Mòr nan Gàidheal. Tha an colbh mu dheireadh sin ann an Gàidhlig beagan nas sìmplidh gu sònraichte don luchd-ionnsachaidh, ach tha sinn an dòchas gum biodh e inntinneach do dhaoine eile cuideachd – mas e Gàidheil Ghlaschu a th' annta gus nach e!

Leis gach beannachd,
Donnchadh Sneddon, Obar Dheathain
Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas

Dealbh

© Air a thogail le Liam Alastair Crouse, 2019

Seo agaibh Caibeal Chill Mo Charmaig, anns a' Chill Mhòr ann an Cnapadal. Thogadh an caibeal fhèin san 12ra linn. Anns a' chaibeal, tha cuid den obair-shnaighte as fhèarr ann an Alba bho Na Meadhan Aoisean. Tha faisg air 40 clach-shnaighte ann, a' gabhail a-steach croisean a chaidh a dhèanamh eadar 700AD agus 1500AD.

Tha Crois Chill Mo Charmaig air a thasgadh an seo. Buinidh i don 8mh linn agus thathar den bheachd gur e snaigheadair às Eilean Ìdhe a rinn i, leis gu bheil dàimh aice ri feartan nan croisean ud. 'S i a' chrois seo an t-aon eisimpleir a lorgar dhen t-seòrsa air tìr-mòr na h-Alba agus am measg nan ìomhaighean a th' air a h-aghaidh, tha Naomh Mìcheal a' marbhadh nàthair mhòr.

B' e eaglais-pharaiste a bh' anns a' Chaibeal seo gu ruige 1734, gus an deach am paraiste a sgaradh na dhà leth. Chrìon e an dèidh sin, agus bha an caibeal gun mhullach tràth san 19mh linn, ged a chaidh a chàradh nas fhaide dhen linn le tabhartas o Bhan-tighearna Northampton. Tha i a-nis fosgailte dhan phoball a thighinn a dh'fhaicinn na croisean agus na leacan a tha gan tasgadh na broinn.

Gàidhlig Shìmplidh

Bidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail am bliadhna ann am Baile Mòr nan Gàidheal.
A bheil fios agad càit a bheil sin? Agus am bi dùil agad a dhol ann? Seadh, 's ann an Glaschu a bhitheas Mòd na bliadhna-sa agus tha mi cinnteach gum bi deagh hòro-gheallaidh ron fheadhainn a tha a' falbh ann.

'S fhada o bha Gàidhlig ga bruidhinn ann an Glaschu, agus chan e annas a th' ann a bhith ga faicinn – no gu dearbh a bhith ga cluinntinn – timcheall a' bhaile. Tha iomadh ainm-àite nam fianais air eachdraidh nan Gàidheal san sgìre, agus tha dùil ri leabhar san aithghearrachd mun dìleab seo.

Chaidh grunn phròiseactan a dhèanamh gus sgeul falaichte nan Gàidheal a thoirt gu follais thar nam bliadhnaichean a dh'fhalbh. Mar eisimpleir, ged a tha mòran air a bhith a' dol a thaobh na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu, 's fhada o bha Gàidheil ga fhrithealadh agus ag obair ann. Tha e an rùn Sgeul na Gàidhlig (sgeulnagaidhlig.ac.uk) an sgeul seo innse. Air an latha an-diugh, tha fiù 's sgeama-còmhnaidh nan oileanach ann far am bi oileanaich le Gàidhlig a' fantail còmhla ri chèile, air a bheil Taigh na Gàidhlig.

Air taobh a-muigh an Oilthighe, tha mòran rudan a' dol, eadar seirbheisean Gàidhlig ann an Eaglais Ghàidhlig Chaluim Chille, buidhnean an leithid Comhairle nan Leabhraichean agus An Lèanag, sgoiltean Gàidhlig an leithid Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, agus taighean-seinnse Gàidhealach far an cleachd thu Gàidhlig. Tha iomairt cuideachd ga stiùireadh leis an Lòchran gus mòr-ionad Gàidhlig a stèidheachadh sa bhaile. Nach sin a bhiodh math?!

Creideamh, Cogais is Poit

Seo sgeulachd bheag a chuala mi aig mo mhàthair, mu dhèidhinn bràthair a seanar, Dòmhnall Donn MacIllFhinnein, a bha a' fuireach san Fhaing Mhòir an Ceann a Tuath na Comraich, faisg air beul Loch Thoirbheartain. Bha e fhèin 's a bhean gun chloinn, 's cha robh mòran de stòras an t-saoghail aca, ach bha iad làidir anns a' chreideamh, agus saidhbhir anns an eòlas a bh' aca air Dia.

Thachair gun tàinig ceàrdaidhean an rathad, rud nach robh na annas aig an àm, agus am feadh 's a bhiodh na fir an ceann an gnothaich, a' dèanamh shiugannan is phèileachan is eile, bhiodh na boireannaich a' tadhal air na taighean, agus thug Dòmhnall Donn do thè dhiubh poit a bha 'cur feum air càradh. Cha b' fhada gus an cualas gun tug na ceàrdaidhean an casan leo, agus bha bean Dhòmhnaill a' fàgail air cho gòrach 's a bha e a' phoit a thoirt dhaibh, 's nach fhaicte gu bràth tuilleadh i. Ach bha Dòmhnall fhèin gun iomagain sam bith air; 's e theireadh e ri a bhean: 'Na biodh dragh sam bith ort, tillidh a' phoit.'

An là dh'fhalbh na ceàrdaidhean, fhuair iad cothrom air aiseag suas Loch Thoirbheartain gu baile Shìldeig, ach air an t-slighe dh'èirich gaoth làidir agus droch mhuir. Bha cuid aca air chrith leis an eagal, agus gu sònraichte an tè dhan tug Dòmhnall a' phoit. Cha b' e a-mhàin gun robh stoirm air an loch, ach bha stoirm an taobh a-staigh dhith cuideachd, is a cogais a' sìor-agairt oirre gum b' i a' mhèirle a rinn i air poit Dhòmhnaill a bu choireach. Chuir i roimhpe, nam b' e 's gum faigheadh i cas air tìr gu bràth, gum feumadh i tilleadh leis a' phoit. Agus sin a rinn i, ged a bha mu dhusan mìle a choiseachd ann. Nuair a ràinig i taigh Dhòmhnaill, chaidh i steach 's thuirt i ris: 'Siud agad do phoit, agus theab mise mo bhàthadh air a sgàth!'

Coinneach Dòmhnallach, Glaschu.

Às gach uile treubh is teangaidh: Sàimbia

Àireamh-shluaigh: 16,591,390 (cunntas-sluaigh 2016)
Àireamh-shluaigh Chrìosdaidh: Mu 95%
Creideamh mòr-chuid an t-sluaigh: Pròstanachd
Eaglais-chèile aig Eaglais na h-Alba: Eaglais Aonaichte na Sàimbia (*United Church of Zambia*)

Chaidh Eaglais Aonaichte na Sàimbia a stèidheachadh ann an 1965, le aonadh trì eaglaisean a bha ann roimhe: Eaglais Aonaichte Meadhan Afraga ann an Rhodesia (*United Church of Central Africa in Rhodesia*, no UCCAR), An Eaglais Mheathodach agus Eaglais na Barosetland. Tha freumhan Eaglais Aonaichte na Sàimbia a' dol air ais do na 1920an, nuair a bha eaglaisean ag obair comhla ri chèile ann an ceàrnaidh na dùthcha air a bheil Crios a' Chopair, a bha agus tha fhathast air cudromach ann an eaconomaidh na Sàimbia air sgàth obair na mèinnearachd. Bha iomadh Malabhaidheach a' dol a Shàimbia aig an àm, an tòir na h-obrach. Leis gun robh Eaglais na h-Alba gu math stèidhichte ann am Malabhaidh, chuir sinn miseanaraidhean agus luchd-obrach ann, gu h-àraidh gus sgoiltean a ruith. Bha mu 7,000 clann ann an sgoiltean Eaglais na h-Alba ann an 1946. Bha coitheanalan Eaglais na h-Alba am measg nan eaglaisean a chruthaich UCCAR, agus mar sin tha sinn nar pàirt dhen t-sloinneadh aig Eaglais Aonaichte na Sàimbia, agus tha sinn air a bhith an sàs ann an obair na h-eaglaise sa cheàrnaidh ud dhen t-saoghail fad faisg air linn.

'S e eaglais chlèireach a th' ann an Eaglais Aonaichte na Sàimbia, le timcheall air dà mhillean ball ann an timcheall air mìle coitheanal. Tha sin a' fàgail gur e EAS an eaglais Phròstanach as motha san dùthaich.

Tha EAS gu mòr an sàs ann an obair shòisealta agus obair shlàinte san dùthaich. Tha iad a' ruith dà ospadal, (Ospadal Misein Mbereshi agus Ospadal Misein Mwandi – far a bheil pròg̀ram sònraichte airson HIV/AIDS) agus còig ionadan-slàinte.

A bharrachd air sin, tha EAS a' ruith oilthigh diadhachd ann an Kitwe, far a bheil ministearan agus sgoilean diadhachd a' faighinn an cuid oideachaidh, agus tha ceumanan aca ann an Eòlas na Slàinte agus ann an Àiteachas cuideachd. Chan ann a-mhàin à Sàimbia fhèin a bhios oileanaich a' tighinn dhan oilthigh seo, *United Church of Zambia University*, ach Ceinia, Malabhaidh agus Poblachd Dheamocratach na Congo cuideachd.

Tha Keith agus Ida Waddell nam miseanaireadhan ann an Sàimbia, ag obair do dh'Eaglais na h-Alba, An Eaglais Mheathodach agus Eaglais Aonaichte na Sàimbia. Sgrìobh Keith thugainn (ann an Gàidhlig, a dh'ionnsaich e leis fhèin):

Tha sinn air a bhith fuireach ann an Sàimbia bho 1994. Is mise Keith agus 's e Rùnaire an Fhoghlaim a th' annam, agus bidh mi a' stiùireadh 15 sgoiltean, 500 luchd-obrach (tìdsearan agus an luchd-taic) agus corr is 12,000 sgoilear air feadh na dùthcha. 'S e Rùnaire na Slàinte a th' ann an Ida agus tha i a' ruith dà ospadal agus naoi clionaigean. Bidh còig de na clionaigean seo aig na h-eaglaisean ann an slumaichean Lusaca. Bidh an dithis againn ag obair gu dlùth leis an Riaghaltas. Bidh an Eaglais a' leasachadh na bun-structair agus bidh an Riaghaltas a' trèanadh an luchd-obrach. Tha sinn a' toirt taing do Dhia ar n-Ebeneasair a choinn 's gu bheil E air a dhol còmhla rinn cho fada. Deanaibh ùrnaigh airson Eaglais Aonaichte na Sàimbia mar a bhios e a' searmonachadh an t-soisgeil, a' cruthachadh dheisciobail agus a' frithealadh air na daoine. Gum biodh E mar shalann agus mar sholas don t-saoghal. Guidhibh airson gliocas, tuigse agus sàbhailteachd nuar a bhios sinn a' coileanadh ar cuid dhleastanasan.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Naidheachdan

- Tha obair a' dol an-dràsta gus tionndadh claisneach air an t-Soisgeul a dhèanamh, a' cleachdadh an eadar-theangachaidh ùir. Le taic bho ACTS (Action of Churches Together in Scotland), tha am pròiseact fo stiùireadh Shabhal Mòr Ostaig. Bidh caochladh bhlasan agus dhualchainntean ri chluinntinn ann, le luchd-labhairt às an Eilean Sgitheanach, Tiriodh, Leòdhas agus Uibhist a Deas air an clàradh. Tha sinn an dùil gum biodh e ri fhaotainn as t-fhoghar.
- Bidh fear den luchd-deasachaidh againn, Donnchadh Sneddon, a' tòiseachadh ann an obair ùr aig toiseach na Dàmhair mar Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig aig Eaglais na h-Alba, far am bidh e ag obair fad bliadhna gus Plana Gàidhlig na h-Eaglaise a chur an gnìomh. Am measg eile, cuiridh e co-labhairt air dòigh mu leasachadh na Gàidhlig anns an Eaglais.
- Sa Chèitean, 2019, dh'fhoillsicheadh an Eaglais an naidheachd gun deach an t-Urr Coinneach Ros a shuidheachadh na chompàirt misein do Mhalabhaidh. Tha seo cuideachd inntinneach leis mar a leugh sinn gu h-àrd, bidh luchd-obrach na h-Eaglais timcheall aig a bheil a' Ghàidhlig. Am measg nan rùintean a th' aige na dhreuchd ùr, bidh e a' feuchainn gus dàimh a bhrosnachadh eadar a' Ghàidhlig agus an cànan Chichewa. Mar a thuirt e ann an artagail, tha e fhèin a' faicinn tòrr cheanglaichean eadar an dà chànan, chan ann a-mhàin gu bheil crìonadh fo bhuaidh na Beurla ag adhbhrachadh trioblaid dhan dà chànan, ach cuideachd, mar eisimpleir, san nòs seinn a tha gun cheòl-taice, mar a tha na sailm Ghàidhlig. Gheibhear an t-artagail slàn ri leughadh an seo: https://www.churchofscotland.org.uk/news_and_events/news/2019/minister_with_a_passion_for_gaelic_in_malawi_move

Dàn

Gràdh Dhè
Gun urra

Tha an gràdh seo cho làidir, bàs chan fhaigh làmh air no buaidh.
Na tuiltean cha bhàth e, oir 's cuan e, tha lànachd bith-bhuan.
'S an dream a gheibh pàirt dheth, cha bhi iad dheth sàsaicht'
nan cuairt.
'S ann a' tòiseachadh tha e nuair ruigeas iad Pàrras le buaidh.

Tha an gràdh seo cho dìomhair 's nach gabh e le briathran a luaidh.
Oir bha e aig Dia mun robh talamh no grian ann, no cuan.
Oir dheònaich an Trianaid gun tigeadh Mac sìorraidh a-nuas.
A phàigheadh na fiachan 's a ghabhadh air ìomhaigh a shluaigh.

Is gràdh e nach tòimhsear, tha e thar gach uil' eòlas gu lèir.
Rinneadh iomradh le Pòl air, le Peadar, 's le Eòin mar an ceudn'.
Fhuair mnathan còir air, chuir Muire e gu sònraicht' an cèill.
'S e thug Rut is Naomi a-mach à tìr Mhòab le chèil'.

Tha 'n eaglais 'san fhàsach ri gearain gach là air a truaigh',
'S i beò air a' mhàna ga thional gach tràth thig e nuas.
'S ged tha truaillidheachd nàdair, peacadh is bàs rithe fuaight',
Tha thu 'g ràdh, "Tha i àillidh", 's tu 'g amharc oirr' an àilleachd
an uain.

Tha an saoghal 's an Sàtan, an tòir oirre a-ghnàth anns a' ghleann
Ach bheir iadsan buaidh air chionn 's gun do bhuadhaich an ceann.
Cha bhi cuimhn' air an truaighean 's na buairidhean a bh' aca san àm,
Nuair gheibh iad thar Iòrdain 's a gheibh iad a' ghlòir tha an taobh thall.

Adhbhar Gàire

Bha dithist shagart a' bruidhinn air an t-sìde fhliuch a bh' ann o chionn goirid, leis an uisge a' sileadh gun sguir fad cunntas làthaichean. Bha aon sagart ag ràdh nach e rud dona a th' ann an sìde fhliuch, gu sònraichte do chroitearan, agus gum bi muinntir nan Eileanan a' creidsinn gu bheil beannachadh san uisge (rud a tha a' nochdadh tric sa Bhìoball). Thuirt an sagart eile, "uil ma-thà, ma chùmas i oirre mar seo, bidh mi nam Phàpa o dheireadh na seachdaineach!"

Ùrnaigh

Athair uile-bheannaichte,a tha a' riaghladh a h-uile nì, aig an àm seo, nuair a tha sinn ag atharrachadh rudan ann an structar agus dòighean-obrach na h-eaglaise, tha sinn ag guidhe ort gun treòirich sibh sinne le deagh làmh-stiùiridh.

Tro na h-atharrachaidhean uile, tha sinn ag ùrnaigh gum biodh thu gar cumail dìleas dhan t-Soisgeul, gum fàs sinn bhon dìlseachd sin ann an creideamh, agus gum biodh sinn a' toirt fianais agus seirbheis nas pailte anns an dùthaich seo agus air feadh an t-saoghail.

Amen.